

UHI Research Database pdf download summary

Cruth na Tìre ann am Mac-meanmna nan Gàidheal

Bateman, Meg

Published in:
Dualchas agus an Àrainneachd

Publication date:
2009

[Link to author version on UHI Research Database](#)

Citation for published version (APA):
Bateman, M. (2009). Cruth na Tìre ann am Mac-meanmna nan Gàidheal. In R. Cox (Ed.), *Dualchas agus an Àrainneachd* (pp. 1-16). [1] Clò Ostaig.
https://gaelicbooks.org/index.php?route=product/product&product_id=176

General rights

Copyright and moral rights for the publications made accessible in the UHI Research Database are retained by the authors and/or other copyright owners and it is a condition of accessing publications that users recognise and abide by the legal requirements associated with these rights:

- 1) Users may download and print one copy of any publication from the UHI Research Database for the purpose of private study or research.
- 2) You may not further distribute the material or use it for any profit-making activity or commercial gain
- 3) You may freely distribute the URL identifying the publication in the UHI Research Database

Take down policy

If you believe that this document breaches copyright please contact us at RO@uhi.ac.uk providing details; we will remove access to the work immediately and investigate your claim.

CRUTH NA TÌRE ANN AM MAC-MEANMNA NAN GÀIDHEAL

MEG BATEMAN
Sabhal Mòr Ostaig

Dh'atharraich Romansachas an dòigh anns am faicear an talamh. Dha na Goill, rinn e talamh oidheirc à talamh a bha air a mheas fiadhaich eagalach mì-chàilear, mar a shònraich Defoe agus Burt e.¹ Dha na Gàidheil, dhearbhaich Romansachas an spèis a bha iad a-riamh air a toirt dhan fhàsach, ach rinn e seo le bhith a' toirt a-steach faireachdainn ùr: bha an nàdar a-nis ga fhaicinn mar neart co-fhaireachdach seach mar neart caochlaideach do-cheannsaichte, feumach air maothachadh mar a bha iadsan air fhaicinn.

Tha am pàipear seo a' tarraing gu mòr air an obair aig Michael Newton (*A Handbook to the Scottish Gaelic World*), Iain MacAonghuis (*Dùthchas nan Gàidheal*) agus John Gregorson Campbell (*The Gaelic Otherworld*, air a dheasachadh le Ragnall MacilleDhuibh). Bidh mi a' tarraing cuideachd air *Cruth na Tìre*, pàipearan bho cho-labhairt a chaidh a chumail aig Sabhal Mòr Ostaig an 1999 air cruth na tìre, cànan agus mac-meanmna nan Gàidheal an Èirinn agus an Alba. An seo, bidh mi a' feuchainn ri modail teòraidheil a thogail de chruth na tìre air fad, a' toirt a-steach dhaoine agus an t-Saoghail Eile, agus mi a' tighinn gu co-dhùnaidhean rudeigin diofraichte seach na thuirt MacAonghuis no MacilleDhuibh.

A' SAMHLACHADH NA TÌRE

Ciamar a shamhlaich na Gàidheil an tìr? Tha na teagsaichean as tràithe againn a' sealltainn gun robh beachd aig na Gàidheil gun robh an domhan cruinn àlainn dathte. Thig a' chiad earrann an seo à 'Altus Prosatur' le Colum Cille às an t-siathamh linn; thig an dàrna tè à *Saltair na Rann*, 7–8mh linn:

Magni Dei virtutibus appenditur dialibus
globus terrae et circulus abyssi magnae inditus²

*(Crochar an cruinne-cè le cumbachdan subhailc Dhè mhòir
agus cearcall a' chuain domhainn mun cuairt air.)*

¹ Newton 2000, 109.

² Clancy agus Márkus 1995, 49.

Ri rochruthaig, nícuac cinte,
 hicuairt na firmiminte,
 domun delba derbda druing
 mar ubull febda fircruind.³

*(Chruthaich an Rìgh, gun chrìoch air a dhealbhadh,
 ann an sloc na h-iarmailt,
 an cruinne àlainn, a tha ga mholadh aig na slòigh,
 mar ubhal cruinn daingeann.)*

Mar as àbhaist, bidh am facal *tìr* a' toirt fo sgèith talamh àitich, choilltean, mhonaidhean, bheann, na mara agus eileanan, le Nèamh agus Ifreann air taobh a-muigh an t-siostaim. Ann an sealladh nan Gàidheal, bha sgaradh mòr eadar a' chiad seòrsa talmhainn, an talamh àitich, agus an còrr, a tha mar phàirt den fhàsach. Tha a' chiad phàirt, am baile, far am bi smachd aig mac-an-duine air an nàdar, glè bheag an coimeas ris an fhàsach far am bi smachd aig an nàdar. Sa chiad earrainn, tha mac-an-duine an sàs ann an àiteachas a tha an urra ri iarann. A chaochladh, thèid oidhirpean an duine air chall san fhàsach: an seo, chan eil àite ann dha na ceannsaichte, ach do dh'fheartan seargaidh agus ath-ghineamhainn. Tha an sgeama mar sgàthan air na ciad oidhirpean a rinn daoine ann an Linn na Cloiche a thaobh àiteachais, agus tha an dà chuid an tìr cheannsaichte agus an tìr fhìadhaich air an riochdachadh le diathan nan Ceilteach. Air an dàrna làimh, riochdaichidh diathan ceannardach, a leithid Lugh, Chù Chulainn agus an Dagda, na sgìlean sòisealta mar treòrachadh agus ealain; air an làimh eile, riochdaichidh na ban-diathan, a leithid Brìde, Emer, Boann agus dia na mara, Manannán, an nàdar fiadhaich.⁴

Mus toir sinn sùil air gach roinn den dùthaich fa leth, feumaidh sinn coimhead air an dàimh eadar mac-an-duine agus an nàdar mar a chithear ann am miotas nan Gàidheal e. Ann an *Lebor Gábála*, cuiridh na trì ban-diathan, Éire, Banbha agus Fótlá, fáilte air Clann Mhìl, agus iad a' ruigsinn na h-Èireann a' chiad turas. Soirbhichidh leotha a chionn 's gun aithnich iad spioradan na talmhainn ris am feum iad còrdadh a ruigsinn. Tha cuplachadh a' phrionnsa shaoghalta agus ban-dia na talmhainn na sheann bhun-smuain Indo-

³ <http://www.ucc.ie/celt/published/G202001/index.html> – 28/2/09.

⁴ Sjoestedt 1941, Ro-ràdh.

Eòrpaich. Cha do thuig an Cuimreach, Gilbertus Cambrensis, na bha ga riochdachadh nuair a chunnaic e ceann-cinnidh agus làir a' cuplachadh aig coisrigeadh-rìgh ann an Èirinn san 12 linn.⁵ Bhiodh fèillean nan ràithean nan oidhirp eile air a' bhan-dia a thoileachadh, agus a leithid a ghnàthas ga fhaicinn mar *adhbhar* nan ràithean (seach aomadh an domhain mar a thuigear ri ar linn saidheansail fhèin). Chithear eisimpleir den sgaradh eadar adhbharachadh agus taingeachachd sna cinn-latha, Lughnasa agus Thanksgiving: bidh an dàrna feill ag adhbharachadh an fhoghair, fhad 's a bhios a' chiad tè ann gus taing a thoirt seachad às a dhèidh.

Rinn na ban-diathan Gàidhealach an slighe a dh'Alba, mar a chithear anns na h-ainmean-àite, Loch Èireann, Banbha, math dh'fhaodte Athall, a thig às na h-ainmean, Éire, Banbha agus Fótlà a rèir a chèile. Tha iomadh ainm ban-dè eile an sàs ann an ainmean nan aibhnichean agus na talmhainn mun cuairt orra, m.e. Deadhain, Tatha, Èitche, Cluaidh agus Dubh Èirinn (Deveron).⁶ Bha dàimh shònraichte eadar an treubh agus ban-dia na talmhainn air an robh an treubh a chòmhnaidh. Bidh cuid de dh'ainmean-àite a' dèanamh iomradh air pàirt den chorp – gu h-àraidh corp boireann: eileamaidean mar *slios*, *cìoch*, *màm*, *gualann* agus *bràigh*, agus tha cailleadh ri lorg na laighe faisg air Callanais agus tè eile ann an Coire a' Bhreacain. An robh an cleachdadh seo samhachail no da-rìribh; an robh an talamh dìreach coltach ri boireannach no an e a' bhan-dia a bh' ann? 'S dòcha gu bheil an dà rud fìor, aig diofar ìrean de thuigse. Dh'fhaodadh coltas daonna a bith air an talamh agus gun tuigte e mar rud beò.⁷

Bha cruth beathaich agus comas atharrachadh crutha aig na ban-diathan gu h-àraidh, agus aig na diathan gu ìre a bu lugha. Bha Epona na làir, Boann (a bheir a h-ainm dhan abhainn, Boinne, ann an Cataibh) na bò; nochdadh Mongán na ròn, na mhadadh-allaidh no na dhuine. Bha atharrachadh crutha na ban-dè na thaisbeanadh air a ceangal ri nàdar na iomadh cruth; cha b' e dìreach euchd draoidheil a bha ann gus càch a chur fo gheasaibh. Tha coltas ann nach do dh'fhalbh na ban-diathan agus na diathan buileach le teachd Crìosdaidheachd, ach gun deach iad nan sìthichean is nan gaisgich, agus cuid de dh'fheartan

⁵ Ross 1986, 95.

⁶ Nicolaisen 1976, 177.

⁷ Tha e doirbh gun a bhith a' dèanamh ceangal an seo le teòiridh Gaia aig James Lovelock san 20mh linn.

nan diathan fhathast aca.⁸ Direach mar a' bhan-dia ioma-chruthach, nochdaidh a' ghruagach mar chaillich, gheàrr no chat; mar a' bhan-dia chaochlaideach fhiadhaich, bidh a' ghruagach cuideachd feumach air maothachadh le a cuid fhèin den bhleoghainn no den bhuairean; mar a' bhan-dia ionadail, tha dàimh shònraichte eadar a' chaointeach agus an cinneadh ionadail, agus bheir a caoineadh rabhadh ro bhàs san teaghlach. Gabhaidh an gaisgeach, Fionn, a bha na dhia air thùs, cruth coin no feidh; tha mic a pheathar nan coin, agus tha pàirt de dh'fhiadh na mhac, Oisean, seach gun robh a mhàthair na fiadh. Bidh meud nan làraichean ceangailte ri Fionn no ri Cù Chulainn a' cur an inntinn na h-inbhe a bu tràithe a bha aca mar diathan. Air feadh an Eilein Sgitheanaich, tha ulbhagan mòra ann a thilgeadh leis an Fhèinn a rèir beul-aithris, no far an crochte na poitean aca agus far an ceangailte na mial-choin aca. Tha trì tràighean co-shìnte mun Ghleann Ruadh, ris an canar Casan na Fèinne, a chaidh a dhèanamh nuair a bha uisge sa ghleann, air a bhacadh le sruth-eighe aig trì diofar inbhean. Shaoileadh gum feumadh obair-làimhe a bha cho àibheiseach mòr a bhith air a dèanamh le fàmhairean. Tha an aon phuing ri dèanamh mu dheidhinn Caisteal Cailleach Bheura sna creagan an Tìriodh; mun Dhùn Gheal, faisg air Fartairchill, a bhuineadh do dh'Fhionn; mu leapannan mòra Glais Gaillbheann, bò na Fèinne; agus mu na cnuic rèidhe don ainm, Greideal Fhinn – gun deach làraichean nàdarrach air an robh coltas obair mhic-an-duine a chur às leth nan diathan.

Tha sgeulachdan nan diathan suidhichte ann an diofar àiteachan. Tha marbhadh an tuirc le Diarmaid agus a bhàs fhèin air an suidheachadh, a thuilleadh air caochladh àiteachan ann an Èirinn, ann am Beinn Gulbainn an Siorrachd Pheairt, ann am Beinn Laghail an Cataibh agus san Òrd san Eilean Sgitheanaich. Gun teagamh, nì e soilleir cuideachd gur ann air an dearbh thalamh seo, mas fhìor, a choisich na diathan agus far an do thachair mìorbhailean.

Dè chanas na tha shuas mun dòigh a shamhlachadh an dùthaich ann am mac-meanmna nan Gàidheal? Bidh e a' sealltainn gun saoilte gun robh an talamh fhèin beò, agus e air a riochdachadh le grunn bhan-diathan, agus gun nochdadh a' bhan-dia – agus mar sin, an talamh – ann an cruth rud sam bith beò, a' ceangal gach seòrsa beatha còmhla

⁸ Chan e '*euhemerisation*' nan diathan' an aon mhìneachadh dhe na sìthichean, is iad cuideachd gam faicinn mar na mairbh bheò agus na h-ainglean a bha air tuiteam còmhla ri mac na maidne (Isaiah XIV:12).

– lus, beathach, duine agus spiorad. Tha an dàimh seo follaiseach san iomadach ceangal eadar daoine agus beathaichean, mar eisimpleir, san dàimh eadar a’ mhuc (*orc*) agus treubhan Arcaibh; eadar an cat agus treubhan às an tàinig *Cataibh* (coim. Lochl. *Kattanes*, Beurla *Caithness*, .i. Gallaibh); ann an cleachdadh bheathaichean mar fhrith-ainmean gaisgeil – an t-seabhag, an leòmhann agus am bradan gu h-àraidh – agus ann am mìneachadh bhruadaran. Bidh cuid de dh’ainmean pearsanta a’ buileachadh feartan bheathaichean air daoine: Rònán, Conan, Colm agus Oisean a bhios a’ ciallachadh, a rèir a chèile, ròn beag, cù beag, calman agus damh beag.⁹ ’S e modail buileach diofraichte seach a’ phioramaid aig Aristotail, le mac-an-duine aig a’ bhàrr, as fhaisge air Dia; diofraichte a-rithist seach am modail Crìosdail de dhomhan nach robh beò, air an do chruthaich Dia barraichte beathaichean agus mac-an-duine, ach a dh’fhàgas sinn fad beatha sìorraidh ann an Nèamh no Ifreann. Cho fad ’s as fiosrach sinn, cha robh miotas air teachd gu bith an domhain no iomradh air àiteachan air taobh a-muigh an domhain aig na Ceiltich. Gu dearbh, ma bhios an tìm ga samhachadh mar chearcall, chan eil adhbhar ann airson breith an domhain no toiseach no deireadh time.

Minichidh creideamh anns na feartan nàdarach bun-smuain a nochdas ann an ùrnaighean a dh’iarras dìon agus neart an nàdair bhon t-siathamh linn chun nan ùrnaighean a chruinnich Alasdair MacIlleMhicheil san 19mh linn. Feumaidh gur e tùs dhaibh ùrnaighean pàganach. Tha iad stèidhichte air an fheallsanachd gu bheil gach rud beò agus gum bi a’ bheatha fhèin a’ siubhal eadar cruthan.

Atomriug indiu
niurt nime,
soils gréne,
étrochtaí éscái,
áni thened,
déni lochet,
luaithi gáithe,
fudomnai mara,
tairismigi thalman,
cobsaidi ailech.

*Cuiridh mi orm an-diugh
neart nèimhe,
solas grèine,
gile gealaich,
soillsèadh teine,
astar dealanaich,
luathas gaoithe,
doimhnead mara,
daingneachd talmhainn,
stòldachd creige.*

(à Faeth Fiada, ‘Patrick’s Breastplate’, 7mh linn)¹⁰

⁹ Newton 2000, 190.

¹⁰ Carey 2000, 131–32.

Nearth na cruinneadh leat, neart na grèineadh,
 neart na tuinneadh leat truime trèineadh,
 neart an tairbh dhuinn a bheir an sprèidh leat,
 O, neart Oisein leat 's Osgair euchdaich!

(à Tàladh Dhòmhnail Ghuirm, c. 1617)¹¹

Gu goirid, seallaidh na tha shuas leanailteachd eadar ban-diathan pàganach na talmhainn agus na sìthichean agus gaisgich, agus an lùib na leanailteachd sin, tha fosgailteachd eadar cruthan na beatha, mac-an-duine nam measg.

TALAMH ÀITEACHAIS AGUS AM FÀSACH

Cha robh an dàimh eadar mac-an-duine agus a' bhan-dia furasta. Chan eil mac-an-duine idir cumhachdach ach san roinn àitich, a cheannsaicheas e le co-obrachadh a cho-chomainn agus le acfhainn de dh'iarann. Air taobh a-muigh a' bhalla-chrìche, san talamh neo-cheannsaichte, tha cumhachdan an nàdair fada nas fhollaisiche, nas cunnartaiche agus nas spreigich, gu seach àraidh aig fosglaidhean agus tulaichean na talmhainn. Seo na h-aibhnichean, tobraichean (a ghluaiseas mura faigh iad an spèis air a bheil iad airidh), na craobhan a shìneas eadar saoghal uachdarach an duine agus saoghal ìochdarach na h-ath-ghineamhainn. 'S urrainnear tuiteam gun fhios dhan t-Saoghal Eile seo, mar a thachair do Mhurchadh mac Bhriain, nuair a chaidh iadhadh ann an ceò agus a sgaradh on bhuidhinn seilge, agus e a' gabhail anail air tulach ann am 'Fear na h-Eabaide', no 's urrainn do ghille a cheann a chur do tholl agus an Fhèinn fhaicinn an tòir air fèidh àibheiseach.¹² Cha bhuin riaghailtean a' cho-chomainn ris an fhàsach: seo far an coinnichear ri sìthichean, far an tachair murt, strìopachas – smaoinich air Mac Mhaighstir Alasdair a' coinneachadh ri Mòraig a bhios os cionn mòraltachd sna coilltean – far an tòisich an comas cruthachaidh. Air falbh bho smachd na coimhearsnachd, 's dòcha gun nochd taobh neo-shòisealta an duine na shamhla no na cho-choisiche (am prìomh-sheòrsa, math dh'fhaodte, a rèir Iain MhicAonghuis, do Dr Jekyll agus Mr Hyde¹³). A chionn 's gu bheil tìm na cearcall, faodaidh tìm obrachadh gu neònach san t-Saoghal Eile, is i a' leigeil le fiosaichean an t-àm ri teachd no am t-àm a dh'fhalbh

¹¹ Ó Baoill agus Bateman 1994, 69.

¹² Bruford 1994, 153 agus 171–76.

¹³ Newton 2006, 454.

fhaicinn agus a' leigeil leis na mairbh a bhith beò. Cò as mairbhe, na beò a dh'fheumas bàsachadh no na mairbh a mhaireas gu sìorraidh? Tha taobh dhe na cumhachdan amha nàdarrach – a leithid saorsa bho riaghailtean, sealladh air a' bheatha is air a' bhàs agus feartan ath-ghineamhainn – brosnachail dhan chomas chruthachaidh. Fhuair pìobairean, fìdhleirean agus bàird na gibhtean san t-Saoghal Eile agus, mar a bu trice, 's e na sìthichean a thug seachad iad, is iad nan eadar-shiùbhlaichean eadar an saoghal ìochdarach agus an saoghal uachdarach.

Tionndaidhear a-nist gu na diofar roinnean den dùthaich agus na thig nan lùib.

NA MAGHAN TORRACH

Tòisicheamaid le dùthaich fhoirfe na bàrdachd molaidh clasaigich, far a bheil riaghladh a' chinn-chinnidh cheart air a dhaingneachadh le torrachas na talmhainn agus lionmhorachd an t-sluaigh. Nochdaidh maghan rèidhe air am bi bàrr, coilltean agus aibhnichean. Molaidh an dàn a leanas Tomaltach, triath Mhaigh Luirg ann an Co. Ros Comain, a bhàsaich ann an 1458.

Cruithneacht dearg ar maghaibh míne
fá Thomaltach chosnas Chéis;
bídh ar clár collbhán uí Cholla
lomlán a droma ar gach déis.

Lacht milis ag buaibh i mbuailtibh,
branar fa féaraighe fonn;
fá h-árainn mhín is fá monadh
tír álainn fá thoradh trom.¹⁴

*(Cruithneacht dearg air maghan míne fo Thomaltach a dhionas
Céis; bídh làn a droma air gach dias air raon Uí Cholla a tha
geal le calltainn.)*

*Tha bainne milis aig na bà ann am buailtean, 's e talamb as
fheuraiche fonn; eadar pàircean rèidhe is monadh, 's e tìr àlainn
a th' ann fo thoradh trom.)*

¹⁴ McLeod agus Bateman 2007, àir. 21: 'Lámh Aoinfhir Fhóirfeas i nÉirinn', le Giolla Críost Brúilingeach.

Anns na rannan a leanas, tha iomchaidheachd riaghladh Ghill-Easbaig, Iarla Earra-Ghàidheal san 16mh linn, ga dhearbhadh leis a' phailteas de ghrèin, mheasan, bhàrr, sheilleanan, fhèidh is dh'iasg:

Ré linn leómhuin Locha Fíne
 fiodhbhuidh lúbtha ó chnuas na ccrann;
 tig do 'n teas air thí a tadhaill
 nach bí eas ar abhainn ann.

Táinig d'iomad iasg na n-inbhear
 gan úidh duine ar déanamh lín;
 lór d'a mholadh, mana reachta,
 toradh mara ag teacht a ttír.

Ealbha fhiadh is beich dam buaidhreadh
 fó bhun gach beinne, is tuar tnúidh;
 larga tuar o tharbha taguidh
 fá dhual arbha abaigh úir.¹⁵

(Rè linn leòmhan Loch Fíne, tha craobhan air an lùbadh fo thruimead am meas; mar thoradh air an teas a thig an cois a thadhail, cha lorgar eas air abhainn ann.

Tha an t-iasg sna h-inbhírean cho pailt is nach ruig duine a leas a bhith a' cur lín; 's e moladh gu leòr mun riaghladh aige gu bheil toradh na mara a' tighinn gu tìr.

Tha treudan fhiadh nan adhbhar farmaid is seilleanan gam buaireadh aig bonn gach beinne; tha coltas air na leargan fo arbhar abaich tiugh ùr gun tig toradh trom orra.)

Thèid na gnàthasan seo a chur bun os cionn ann an aoir agus ann am marbhrannan, nuair nach bi a' bhan-dia sàsaichte le cèile. An seo, bidh am bàrd a' caoidh dà cheann-chinnidh a bhùineadh do Chlann Raghnaill – Ailean agus Raghnaill, a bhàsaich ann an 1509 agus 1513 – agus e a' leughadh bròn na talmhainn anns a' ghainnead de bhàrr, chnòthan, bhlàth is dh'iasg.

¹⁵ McLeod agus Bateman 2007, àir. 24: 'Maith an Chairt Ceannas na nGaoidheal', gun urra.

Ùir gan iodh a h-aithle a éaga,
 oighreachd Raghnaill, ní roinn mhion:
 mar táid ar ccroinn chnó gan toradh
 coill dá ló, folamh gach fiodh.

Tarrla ar an ghréin do ghlais cumhadh,
 nár chuir bláth tré barraibh géag;
 anfadh na síon ann gan iomlaoid
 gníomh barr go nfhionnmaoid a éag.

'Na aimsir fa ghormfhonn Ghaoidheal
 níor ghuth gort a ngeall re sín:
 go fuil d'a éag as a aithle
 gur bhréag muir a tairthe ó thír.¹⁶

(Tha am fonn gun arbhar às dèidh a bhàis; oighreachd Raghnaill, cha b' e roinn bheag: leis mar a tha na craobhan againn gun chnòthan, na calltainn a' lobbhadh, gach meur lom.

Tha glas cumhaidh cho teann air a' ghréin 's nach tig blàth tro bhàrr nan geug; ann an onfhadh nan sìon gun abhsadh, aithnichidh sinn an t-eug.

Na linn-san cha robh guth air gort ann an talamh gorm nan Gàidheal air sgàth seo: gu bheil a' mhuir, às dèidh a bhàis, air a toradh a bhreugnachadh bhon tìr.)

Tha Wilson McLeod air sealltainn dhuinn, ge-tà, nach b' iad na maghan mìne a-mhàin air an do chuireadh na bàird chlasaigeach luach ach cuideachd am fàsach. Nì e iomradh air miann a' bhàird Èireannaich, Eochaidh Ó hEoghusa, gum biodh na cuibhreannan de thalamh àitich agus de dh'fhàsach na oighreachd co-ionann:

Leth riamh do ríoghacht Bhanbha
 a fásaighe, a fiadhamhla,
 a sliabhtholcha sealga, a sreabh,
 's learga ciabhdhorcha a coillteadh.

¹⁶ McLeod agus Bateman 2007, àir. 31: 'Alba Gan Díon a nDiaidh Ailín', le Mac Muireadhaigh.

Aoibhinn t'innmhe, a ua Riocaird,
do'n eing éignigh oirdhiorcaigh:
ochta sliabh, gaoithméide gleann ...¹⁷

(B' e an dàrna leth de dh'Èirinn a-riamh a fásaichean, a h-àiteachan fiadhaich, a beanntan seilge, a h-aibhnichean, is leargan falt dorch a coillean.

*Àlainn do chuid, ogha Riseird, den roinn bhradanaich oidheirc:
uchdan bheann, gleanntan gaothach ...)*

Mar sin, fiù 's san roinn as stèidhichte den cho-chomann – na h-uaislean – bha am fàsach ga mheas prìseil, 's dòcha nach b' ann airson sealgairachd agus iasgachd a-mhàin, ach air sgàth a' cheangail ris a' bhan-dia.

COILLTEAN AGUS MÒINTEACH

Tha Alasdair MacIlleMhìcheil a' sealltainn gum biodh an sealgair feumach air seunadh, is e a' triall am measg feartan amha an nàdair cho faisg air an t-Saoghal Eile.¹⁸ Tha Fionn agus an Fhèinn nam prìomh-sheòrsachan den bheatha san fhàsach, is iad a' tighinn beò gun dìon cinnidh no chòir air talamh. Tha còir aca, ge-tà, air roghainn nam boireannach agus a' bhìdh, nuair nach urrainn dhaibh sealg: tha an còmhlan stèidhichte air gnàthasan seach cinneadh. Bidh Sjoestedt a' cumail a-mach gur dòcha gur e pàirt den cho-chomann Indo-Eòrpach a bha ann, buidhnean de ghaisgich a bhith a' tighinn beò air sealgairachd air taobh a-muigh na coimhearsnachd, rud a bhiodh feumail dhan treubh stèidhichte, a chionn 's gun toireadh a' bhuidheann fhàsail seo àite dha na mic nach robh nan oighrean air talamh agus do dhaoine eile nach fhreagradh dhan cho-chomann.¹⁹ 'S dòcha gun toireadh iad àite dha na cuthaich, na h-ealantaich agus na neònaich. Bheir e cuideachd ìomhaigh do litreachas is bheul-aithris nan Gàidheal de sheòrsa a thig beò air taobh a-muigh na coimhearsnachd, faisg air an nàdar, a bhios ga riochdachadh sa mhòr-chuid leis an fhiadh a shealgas e, a phòsas e is a thèid e na chruth.

¹⁷ McLeod agus Ní Annracháin 2003, 107–08.

¹⁸ Newton 2000, 186.

¹⁹ Sjoestedt 1982, 90.

Tha an rìgh eachdraidheil, Suibhne, air fear den aon seòrsa. Air a mhallachd leis an naomh, Rònán, às dèidh dha droch dhìol a dhèanamh air clèir an naoimh, thèid an rìgh às a chèill, caillidh e inbhe mar rìgh agus thèid e a dh'fhuireach sa choille, rùisgte ach airson nan iteagan a dh'fhàsas air. Ged a bha e air iomsgaradh ris an eaglais, geilt iteagach dèistinneach ann an sùilean a mhnà, thèid a ghlòrachadh ann am bàrdachd an 8–12mh linn, mar duine aig an robh dàimh shònraichte ris an nàdar. Chluinneadh e, mar eisimpleir, ceòl ann am monmhar na Gairbhe:

Cairche cíuil at-chluinimse
 'sin Gairb go nglúaire geimrid;
 ra muirn móir con-tuilimse
 i n-aidche adúair eigrìd.²⁰

(*Cluinnidh mi ceòl binn sa Gharbh ri linn glòir gheamhraidh;
 caidlidh mi ri mùirn mhòr oidhche reòthte fhuar.*)

Bheir craobhan dhuinn an siostam samhlauchail as cunbhalach ann an litreachas nan Gàidheal a thaobh luachadh dhaoine.²¹ Nì iad iomradh air feartan nàdarraich ann am pearsa a' chinn-chinnidh, a leithid torrachais, fasgaidh, bòidhcheid agus mèid; ach a bharrachd air na feartan seo, riochdaichidh a' chraobh luachan os-nàdarraich tron cheangal a nì i ris an t-Saoghal Eile tro na freumhan aice. Riochdaichidh a' chraobh mar sin sliochd ceart a' chinn-chinnidh, a chuid fialaidheachd, gaisgeachd, breithneachais agus ceartais. Seo feartan eas-cruthach agus tuigear iad mar phàirt den *fir flathemon* no iomchaidheachd riaghlaidh a dhìoladh a' bhan-dia le torrachas.

Ach ma thèid thu dhan choill' iùbhraich
 Aithnich fhèin a' chraobh as liùmsa.
 Chraobh as mìlse 's as buig' ùbhlan,
 Chraobh mheanganach pheurach ùbhlach,
 Bun a' fàs 's a bàrr a' lùbadh
 'S a meangannan [*sic*] air gach tùbh dhi,
 Ùbhlan troma, donna, dlùthmhor.²²

²⁰ Murphy 1956, àir. 44, 4.

²¹ MacInnes 1989.

²² McLeod agus Bateman 2007, àir. 80.

CNUIC IS BEANTAN

'S e atharrachadh inntrigidh dhan t-Saoghal Eile a bha ann an cnuic is beanntan. Bha iad gam faicinn, no gam samhlauchadh, mar chùirn tiodhlacaidh agus, mar sin, mar àite còmhnaidh aig na sìthichean no aig na mairbh. Gu tric, chaidh torran cloiche a dh'fhàg an deigh air làr glinn ainmeachadh mar sìtheanan. Shònraicheadh beanntan mòra mar Sìth Chailleann ann an Siorrachd Pheairt agus Cruachan ann an Earra-Ghàidheal nam meadhanan spioradail aig na cinnidhean a bha nan tàmh mun àrainn. Bhruidhinn Uilleam Ros ri Blàbheinn san Eilean Sgitheanach mar tè-fhianais agus tè-aithris a chinnidh.²³ A-rithist, chithear treubh agus talamh an co-bhonn ri chèile, na mairbh aca nam measg sa bheinn. Thèid dìreadh agus teàrnadh cnuic nan ìomhaigh tuiridh, mar a chithear san òran luaidh, 'S *trom an dìreadh*, bhon bhliadhna 1577, nuair a chaidh sluagh Eilein Eige air fad a mhùchadh ann an uaimh.²⁴

MUIR, TÌR IS AN TALAMH FO THUINN

Tha a' mhuir agus a h-eileanan cuideachd nam pàirt den fhàsach, agus tha Manannán, mar Fhionn, na dhia air taobh a-muigh an treubha. Tha coimeas ri dhèanamh eadar daoine len cuid cruidh air na maghan, na sìthichean le feidh san fhàsach agus diathan le crodh-mara no ròin air grunn na mara. Bidh *Eachtraidbean* nan Èireannach a-mach air gaisgich a' sireadh Tìr nan Òg a-muigh sa Chuan an Iar. Ann an *Immrana* an 8mh linn, bidh gach eilean a' riochdachadh shaoghalan fa leth, fear le gaisgich agus cinn chait orra, fear far nach bi feise na peacadh. Ann an *Tochmarc* (suirghe) *Étain*, bhon naoidheamh linn, feuchaidh Midir ri Étain a thàladh gu eilean far nach bi am peacadh-gine no sealbhachd ann, .i. tìr nam marbh a bhios beò, a luchd-tàmh gar faicinn-ne ged nach fhaic sinne iad.²⁵ Mhair an smuain nach buin eileanan dhan òrdugh shòisealta àbhaisteach chun an latha an-diugh.

San eaglais aig Colum Cille, bhiodh *peregrinatio pro Christo* na chleachdadh aig na manaich, is iad a' sireadh *terra deserta* no àite uaigneach sa chuan far an dèanadh iad aithreachas airson am

²³ Calder 1937, 'Còmhradh eadar am Bàrd agus Blàth-Bheinn'.

²⁴ McLeod agus Bateman 2007, àir. 82.

²⁵ Murphy 1956, àir. 41.

peacaidhean. Bha an cleachdadh air a leasachadh bhon eaglais Choptaich san Èiphit far am fàgadh aonaran an co-chomann airson an fhàsaich. 'S dòcha nach robh an cleachdadh air fàs cho iomraiteach am measg nam manach Gàidhealach, mura b' e 's gun robh am feum a bha aig daoine air uaigneas san fhàsach aithnichte bho linn nam pàganach. Tha dàn air a chur ann am beul Choluim Chille, a' cur miann an dithreabhaich an cèill. Bruidhnidh na rannan a leanas air an dòchas gum broснаich an t-òrdugh nàdarrach cràbhachd san neach-coimhid:

Meallach liom bheith i n-ucht oiléin
ar beinn cairrge,
go bhfaicinn ann ar a meince
féth na fairrge.

Go bhfaicinn a tonna troma
ós lear luchair,
amhail chanaid ceól dá nAthair
ar seól suthain. ...

Go bhfaicinn a healta ána
ós lear lionnmhar;
go bhfaicinn a míola mára,
mó gach n-iongnadh. ...

Go ro bheannachainn an Coimthe
con-ig uile,
neamh go muintir gráidh go ngloine,
tír, tráigh, tuile...²⁶

(S ionmhainn a bhith an uchd eilein, air beinn carraige, gus am faicinn gu tric fèath na fairge.

Gus am faicinn a tonnan troma a' deàlradh, mar a sheinneas iad dhan Athair ann an onfhadh bhuaìn.

Gus am faicinn a h-eòin uasal thar mara torraich; gus am faicinn a mucan-mara, nas motha na gach iongnadh eile.

²⁶ McLeod agus Bateman 2007, àir. 5.

*Gus am beannaichinn an Tighearna, Triath na h-uile,
Nèamh le dhaoine gràidh geala, tìr, tràigh is lìonadh.)*

Rinn Columbán (a bhàsaich 615) an dearbh phuing dha na manaich aige, rud air a bheil coltas ath-chruthachaidh de smuaineachadh pàganach:

Ma bhios duine ag iarraidh cuan ro dhomhainn tuigse Dhè fhiosrachadh, leigear leis, ma thèid aige air, a' mhuir lèirsinneach a sgrùdadh, agus mar as lugha a lorgas e ann fhèin na thuigeas na creutairean a laigheas fo na tuinn, 's ann as motha a dh'aithnicheas e nach urrainn dha a uiread sin fhèin a thuigsinn de dhoimhnead a Cruthaigheir.²⁷

CO-DHÙNADH

Cha robh domhan eile aig na Ceiltich phàganach cho fad 's as fiosrach sinn: bha Tìr nan Òg agus an Saoghal Eile mar phàirt den domhan, cò dhiubh a bhitheadh iad a-muigh sa chuan no fon talamh. Tha an dà shaoghal, an saoghal a ghabhas faicinn le mac-an-duine, agus an Saoghal Eile, air am faigh sinn corra phlathadh san fhàsach, nan dà shealladh air an aon saoghal, an dàrna fear bho thaobh na h-eachdraidhe sòisealta againn, am fear eile bho thaobh miotais, bho thaobh nam feartan nàdarraich, bàs agus ath-ghineamhainn, a ruitheas ann an cearcall time. Thuigeadh Crìosdaidhean Gàidhealach, is iad a' leantail Augustine, gur e peacadh Àdhaimh a chuir sgàil eadar sinn fhìn agus an Saoghal Eile. Tha peacadh Àdhaimh a' dèanamh ar beatha crìochnaichte agus mar sin sreathach, agus e a' fìradh ar sealladh air falbh bho chearcall an nàdair. Mar as trice, chan fhaic sinn ach tro 'speuclairean daonna' Immanuel Kant, tro nach fhaicear nithean mar a tha iad ann an dà-rìribh. Ach san t-Saoghal Eile, chithear nithean fo shealladh cearcall na time.

Bheir Iain MacAonghuis iomradh air an fhreagairt a gheibh e gu tric bhon luchd-agallaimh aige, nuair a dh'fhaighnicheas e dhiubh an creid iad sna sìthichean: canaidh iad nach fhaic iad tuilleadh iad, chan ann a chionn 's gu bheil na sìthichean air atharrachadh, ach

²⁷ *À Sancti Columbani Opera* (Wooding 2000, 194).

a chionn 's gu bheil iadsan air atharrachadh.²⁸ Tha MacAonghuis den bharail gu bheil an sìthiche agus am fàsach a' rèiteachadh àite dhan *ego* agus dhan fho-mhothachadh san duine; bheir an Saoghal Eile àite dhan taobh neo-reusanta chruthachail uaigneach annainn. Cuiridh Ragnall MacilleDhuibh cuideam san ro-ràdh dhe *The Gaelic Otherworld* air an fheum shòisealta a nì seachas nan sìthichean mar mhìneachadh do thinneas inntinn, dhroch dhìol san teaghlach agus chearban leis am beirear sinn. 'S e mo bharail fhèin gu bheil na sìthichean nan eadar-shiùbhlaichean eadar daoine agus nàdar na staid fhiadhaich. 'S iad riochdairean an t-Saoghail Eile, de na tha dìomhair mu bhith is mu bheatha. Cha ruig sinn a leas creidsinn annta gus an drochaid shamhlachail a rinn iad eadar mac-an-duine agus an nàdar aithneachadh. 'S dòcha nach creidear sa chruth a ghabh iad sa chultar ud tuilleadh, ach chan eil càil faoin mun rèiteachadh a riochdaich iad, no mu na thèid ceàrr nuair a thèid an rèiteachadh sin air iomrall: blàthachadh na cruinne, tuiltean, cur às do sheòrsachan de bheatha.

B' ann san fhàsach, air falbh bho dhrip a' cho-chomainn, a chite boillsigidhean dhen t-Saoghal Eile. Ged a thug Somhairle MacGill-Eain iomadh rud ùr a-steach do litreachas nan Gàidheal, samhachas agus bitheileas Eòrpach nam measg, tha e sònraichte gur ann san fhàsach a chunnaic e na h-aislingean drùidhteach air a bheil a leithid 'Hallaig', 'Coilltean Ratharsair' agus 'An Cuiltheann' stèidhichte. 'S ann sna coilltean a chunnaic e na craobhan a' dol nan daoine agus a chaidh eachdraidh fuadachadh Ratharsair gu ìre a shlànachadh; 's ann sna coilltean cuideachd a fhuair e a chiad fhathann air a fhearalas agus a chomas cruthachaidh, agus 's ann air mullach lom a' Chuilthinn a thachair e ri cho-choisiche.

Mar fhacal dealachaidh, bu toigh leam moladh gur e sealladh nan Gàidheal a spreig obair a' pheantair, Uilleam Mac an t-Sagairt (1835–1910) à Ceann Loch Chille Chiarain ann an Cinn-tìre, anns an nochd daoine mar fhaileasan air an dùthaich, is iad cha mhòr tro-fhaicsinneach. Am faod sinn a ràdh gu bheil buaidh as treasa aig an àrainneachd air na daoine seach aig na daoine air an àrainneachd? Ach 's dòcha gur ann airson pàipeir eile a tha sin.

²⁸ Newton 2006, 460.

TÙSAN

- Black, Ronald, deas., 2006, *The Gaelic Otherworld* (Edinburgh: Birlinn).
- Bruford, A., agus D. A. MacDonald, 1994, *Scottish Traditional Tales* (Edinburgh: Polygon).
- Calder, George, 1937, *Gaelic Songs by William Ross* (Edinburgh).
- Raghall MacilleDhuibh – faic Black, Ronald, 2006.
- Carey, John, 2000, *King of Mysteries, Early Irish Religious Writing* (Dublin: Four Courts Press).
- Clancy, Owen agus Gilbert Márkus, 1995, *Iona: the Earliest Poetry of a Celtic Monastery* (Edinburgh).
- MacAonghuis, Iain – faic Newton, Michael, 2006.
- MacInnes, John, 1989, ‘Samhla na Craoibhe’, ann am M. I. MacKay, deas., *Sàr Ghàidheal: Essays in Memory of Rory MacKay* (Inverness: an Comunn Gaidhealach).
- McLeod, Wilson, agus Máire Ní Annracháin, deas., 2003, *Cruth na Tíre* (Dublin: Coiscéim).
- McLeod, Wilson, agus Meg Bateman, 2007, *Duanaire na Sracaire* (Edinburgh: Birlinn).
- Murphy, Gerard, 1956, *Early Irish Lyrics* (Oxford: Clarendon Press).
- Newton, Michael, 2000, *A Handbook to the Scottish Gaelic World* (Dublin: Four Courts Press).
- Newton, Michael, deas., 2006, *Dùthchas nan Gàidheal: selected essays of John MacInnes* (Edinburgh: Birlinn).
- Nicolaisen, W. F. H., 1976, *Scottish Place-Names* (London: Batsford).
- Ó Baoill, Colm, agus Meg Bateman, 1994, *Gàir nan Clàrsach: Anthology of 17th c. Gaelic Poetry* (Edinburgh: Birlinn).
- Ross, Anne, 1986, *The Pagan Celts* (London: Batsford).
- Sjoestedt, Marie-Louise, 1982, *Gods and Heroes of the Celts*, thionnd. Myles Dillon (Mineola, New York: Dover Publications Inc).
- Wooding, Jonathan M., deas., 2000, *The Otherworld Voyage* (Dublin: Four Courts Press).